H.M.7.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

6. 8.

H.M.7.

Spo p. 125 note

Verses
on the Birth
of an heir to
the Duke of Athole

—"—

Patrick Forbes

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
B
26 MR
1935

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

ORAN MOLAIDH LE PÀRUIG FOIRBEAS.

AIR FONN "*Bha mi'n dèm Beinn Douran.*"

Se Bail'nluig an t-àite,
Gu bheïl iomadh nì àraidh tachairt ann ;
Gun do thachair nì an dràsd ann
Gur fiach do dhaoine bhi labhairt air.
Bha dinneïr agus ball ann,
Nach robh a leithid san àite so ;
Tha iomradh anns gach àite
Air a chomunn aluinn thachair ann.

Gu bheil mi nis dol dh'innseadh dhuibh,
Ciod bu bhrìgh don' chruinneach sud ;
Cha ne rud gun bhrìgh
Thug air an nì sud bhi idir ann.
San a dheanamh aoibhneas
Gun d' fhuair Diùc Athoil oighre,
Tha dòchas feadh na oighreachd
Gum biodh an aoïhbneas maireannach.

Cha mi dh'fhaicinn talla 'chuil,
'Ga cuir an ordugh, 's ga uidheamach ;
Bha iomadh nì san ionaid sin,
Nach urrainn domhsa bhi bruidheann air ;
Bha brataichean buidhe siòd' ann ;
Thainig cuid dhuibh as' na Innsean,
Gun cuïr a suas gu riomhach
Nan sineadh ris na ballachan.

Bha Maighstir Caimbeul ann gu seolta,
'Cuir an ordugh a chuid ghillean ann ;
Bha luchd cèaird' do dh' iomadh seors' ann
Fo ordugh 'siad a fritheal dha.
Bha'm Butterach 'san Deoirach
'Us Connacher mor le ord ann,
'Us gairnealan nan ròsan
Gun cuir an ordugh uidheamal.

'Nuair a thainig beul na oidhche,
Am do dhaoïne bhi dol an uidheam ann
Chìteadh as gach àite
Sluagh gun aireamh cruinneach ann.
B'e sud an sealladh éibhinn,
'Faicium teine dol 'sna spéuran,
An sluagh a ruith 'sa leumadh,
Ag eigheach 'us iad a deanamh iolach ann.

Biodh iomadh bliadhna 'n deigh so,
Cuimhne air na nithean sud,
A thachair an toiseach na bliadhna
Dhà dheug 'us tri fichead so.
Biodh cuimhne aig an àl so
Fhad sa bhitheas iad làthair air,
'Us innseadh iad d'am paisdean
M'an bhall bha sa bhaile so.

Bha Caiptan Mōrrò 'us Maighstir Baird ann,
'San teaghlaïchean fein maille rui,
'Us iomad duine'-uaisle 'bharr orra
Bha san àite sud cuir n'an caradh dhuibh ;
Bha gach tuathanach ann san duthaich ann,
Maille ri deadh luchd-cuil,
A' dannsadh an sin gu surdal
Gun churam gun smalan orra.

Bha'm Factar bhōs á Blàr ann,
A ghabhal pairt 'san eallaidh sud.
Bha iomadh neach cuir failte air,
'Us bha cairdean anns gach bealach aige.
Bha e'n sin gu cairdeal,
A measg a chomunn aluinn,
Ag òl deoch slainte nan Gaidheil,
'Us gu àraidh Mac Dhiùc Athoil so.

Tha teaghlach Athoil a nis fas liomhor,
'Sair feadh na tìr tha sonas ann
'Us iomadh neach bha cianal
Tha nis da rireadh toilichte.
Tha iad cruinneach anns gach aite
Eadar Dunchailin agus Blàr,
Ag òl slainte Marcas Thullichbhardan
Anns na h-uile aite san tachair iad.

An Diùc mu dheireadh dh' fhalbh uainn,
Gum b' ainmeïl ann an Athoil e ;
Fhuair e deadh chliu ann an Albainn,
Na àird Mhaighstir clachair ann,
'Us an Diùc tha oirnn an dràsd
Gur eireachdal an Gaïdheal e,
'Us ma bhitheas am Mac so làthair
Biodh e togal aïteachain aithreachain.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND